

# BANNTRACH COGAIDH

AN T-URRAMACH IAIN MACLEÒID

Sgaoil i aodach air gàrradh;  
Briogais bhàn is lèine gheal.  
Crios gorm leathann,  
Còrd geal caol.  
Bha mi air clach ri taobh,  
Bonaid cruinn air mo cheann,  
Bonaid m' athar.  
Deise ghorm na stiallan  
Mar reub iad bho chorp i  
Nuair fhuair iad e  
Fuar bàite air an tràigh,  
Air a pasgadh le làmhan gràidh  
Is cridhe brist'  
Mar deise rìgh dol gu banais.

Carson tha thu dol uair sa mhìos  
Don phost office nad aodach dubh  
Le cridhe trom  
's a' tilleadh feasgar  
Is leabhar a' pheinnsein nad làimh?  
Carson a thog thu mi nad uchd  
'S do cheann crom,  
Is fhliuch thu m' aodann le do dheòir  
Nuair thuirt mi,  
"Mhàthair, cà' il m' athair?"

Aon là san sgoil  
Sheas sinn sàmhach dà mhionaid  
A' cuimhneachadh  
Air laoich a' Chogaidh Mhòir,  
Is ruith mi dhachaigh na mo dheann  
A dh'innse dhi,  
"Cha bhi cogadh tuilleadh ann."

Oidhche gheamhraidh rinn i snìomh.  
Shuidh mi ri taobh;  
Bha ceann dol liath  
'S i fhathast òg.  
An lùib an t-snàth chaidh  
fuiltean mìn  
Mar shìoda measg an dubh.  
Thuirt i, "Glèidh cuimhn' orms'  
Nuair chì thu m' fhalt an lùib an t-snàth  
'S nach bi mi ann."  
'S mar thubhairt bha.

Rinn iad d' uaigh ri taobh nan tonn,  
Cha chlisg thu chaoidh aig gaoth no stoirm.  
Sibh sin cho rèidh, thu fhèin 's an cuan.  
Cha toir e tuilleadh uat do ghràdh.

Nach math gun tug am bàs thu tràth,  
'S nach fhac' thu cogadh ùr nad latha,  
'S nach fhac' thu mise falbh don bhlàr,  
Le deise ghorm is bonaid cruinn  
Mar bh' air m' athair  
Nuair fhuair iad marbh e,  
Aig a' Bhràigh.

